

Ro-innleachd nam Preantasachdan

Tha an ro-innleachd preantasachd seo a' mìneachadh na dòigh-obrach a tha Buidheann HIAL an dùil a ghabhail a thaobh cleachdadh phreantasachdan – gach cuid ann am fastadh agus airson luchd-obrach a tha ann mar-thà. Cumaidh i taic ri libhrigeadh Plana nan Daoine agus cuidichidh i gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine aig Buidheann HIAL aig a bheil na sgilean a tha a dhìth gus na h-amasan ro-innleachdail aige a choileanadh.

An Adhbhar Gnothachais airson Preantasachdan

Tha an adhbhar gnothachais airson preantasachdan trì-fillte. Sa chiad dol a-mach, cumaidh seo taic ri trì de na blocaichean-togail ann am Plana nan Daoine againn. Tha Plana nan Daoine a' mìneachadh ar dealais gus feachd-obrach a thogail agus a ghleidheadh gus aghaidh a chur ris na dùbhlain agus gus na cothroman a ghlacadh an dà chuid aig an àm seo agus sna bliadhnaichean ri teachd. Is e an gealltanais againn gun tog sinn comas an luchd-obrach againn agus gun dèan sinn cinnteach gun soirbhich na daoine againn anns a' chùrsa-dreuchd aca.

Bidh am Prògram Preantasachd againn a' freagairt air seo le bhith a' meudachadh comas an luchd-obrach, tro bhith a' togail sgilean an luchd-obrach làithreach againn agus a bhith a' toirt a-steach sruth eadar-mheasgte de thàlant gus coinneachadh ri beàrnan sgilean aig an àm seo agus san àm ri teachd. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' togail sgilean a ghabhas gluasad agus a chumas taic ri leasachadh dhreuchdan an latha an-diugh a tha a' gabhail a-steach a bhith a' gluasad taobh a-staigh agus taobh a-muigh Buidheann HIAL sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine.

Cruthaichidh sinn farsaingeachd agus doimhneachd de dh'eòlas is de ghnàth-eòlas tro diofar phreantasachdan, bho sgilean aig ìre-inntrigidh gu preantasachdan àrd-ìre agus ceuma, a tha fosgailte do gach cuid luchd-obrach ùra agus luchd-obrach a tha ann mar-thà, mar chothrom gus ath-thrèanadh no gus sgilean ùra ionnsachadh.

Bheir fàs ann am preantasachdan barrachd comais dhuinn a bhith a' sgaoileadh chothroman air feadh na sgìre againn, le bhith a' togail chom-pàirteachasan preantasachd thar gach àite far a bheil sinn ag obair.

San dàrna àite, tha Preantasachdan a' toirt cothrom dhuinn leasachadh a dhèanamh air iomadachd agus in-ghabhalachd an luchd-obrach againn, le bhith a' toirt cothrom do dhaoine leis gach seòrsa eachdraidh adhartas a dhèanamh sna dreuchdan proifeasanta aca.

Mar thoradh air na luachan againn, tha sinn airson cothrom a thoirt do gach neach tàlantach adhartas a dhèanamh. Le bhith a' toirt taic do luchd-obrach gus ionnsachadh taobh a-staigh àrainneachd an àite-obrach agus le bhith a' dèanamh feum de chom-pàirteachasan agus chothroman maoineachaidh le solaraidhean foghlaim, is urrainn dhuinn cuid de na cnapan-starra a thoirt air falbh, gach cuid airson luchd-obrach ùr a dh'fhaodadh a bhith ann agus airson an luchd-obrach a th' againn mar-thà.

San treas àite, tha preantasachdan ciallach air adhbharan gnothachais. Le bhith a' cleachdadh phreantasachdan gus taic a thoirt do leasachadh sgilean in-thaigh tha seo a' lughdachadh cosgaisean fastaidh, a' lughdachadh na h-ùine a bheir e gus dreuchdan a tha deatamach a thaobh gnìomhachas a lionadh agus bidh e cuideachd a' lughdachadh na h-ùine gus an obair ionnsachadh gu comasach nuair a ghluaiseas luchd-obrach a-steach do dhreuchdan.

Anns an sgrùdadh measaidh air preantasachdan, a rinneadh mu dheireadh ann an 2014, chaidh faighneachd de luchd-fastaidh mu bhuaidh phreantasachdan air a' gnìomhachas aca; bha 70% den bheachd gun robh preantasachdan air deagh bhuaidh a thoirt air an t-seirbheis a tha iad a' libhrigeadh, bha 65% den bheachd gun robh iad air tarbhachd adhartachadh, agus bha 55% den bheachd gun robh iad air cur ris a' chomas aca deagh luchd-obrach a thàladh.

Seòrsaichean Preantasachd ann an Alba

Tha preantasachd air a bhith na fhòcas aig poileasaidh an riaghaltais fad iomadh bliadhna. Bha seo a' gabhail a-steach cìs preantasachd ùr san RA gus preantasachdan ùra a mhaoineachadh. Bithear a' togail na cise aig 0.5% den bhile pàighidh bliadhnail airson fastaichean aig a bheil bile pàighidh bliadhnail nas àirde na £3m.

Ann an Alba, chaidh an t-airgead a chaidh a thogail tron chis a chleachdadh gus trì seòrsaichean preantasachd a leasachadh, agus cuideachd gus Maoin Leasachaidh Feachd-obrach Sùbailte a thoirt a-steach.

Ann an 2020 thòisich an Riaghaltas sgeama Kickstart, a chaidh a dhealbhadh gus cothroman a thabhann do dhaoine òga daoine a bha ann an cunnart bho chion-cosnadh fad-ùine.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na diofar sheòrsaichean preantasachd ann an **Eàrr-ràdh 1**.

Dòighean-obrach

Tha an earrann seo a' mineachadh na dòigh-obrach a bhios aig HIAL gus cothroman preantasachd a chruthachadh.

Cruthaichidh sinn preantasachdan tro thri prìomh shlighean:

- **Ag atharrachadh fastadh taobh a-muigh.** Tha seo a' ciallachadh gum bithear a' measadh an gabhadh dreuchdan agus dreuchdan bàna a tha gu bhith air an sanasachd taobh a-muigh na buidhe a thabhann mar phreantasachdan.
- **A' toirt cothroman dhan luchd-obrach làithreach againn a bhith ag ath-thrèanadh agus a' togail sgilean ùra.** Bidh sinn ag amas air preantasachdan far a bheil prìomh bheàrn comais taobh a-staigh an fheachd-obrach làithreach, a' dèanamh cinnteach gun cleachd sinn na cothroman a tha an lùib dòigh-obrach nam preantasachdan gus taic a chumail ris an luchd-obrach againn gus sgilean agus eòlas a leasachadh a tha gluasadach agus air aithneachadh gu nàiseanta.
- **A' leasachadh agus a' cur ris na sgeamaichean preantasachd làithreach againn.** Mar phàirt den dòigh-obrach sruth tàlaint againn, bheir sinn piseach air agus togaidh sinn air na sgeamaichean corporra a th' againn an-dràsta, mar eisimpleir an dòigh leasachaidh ceannardais againn, barrachd com-pàirt bho sholaraidhean ionnsachaidh, a' co-thaobhadh seo gu ro-innleachdail ri slighean dreuchdail. A bharrachd air sin beachdaichidh sinn air sgeamaichean preantasachd corporra ùra a stèidheachadh ann am prìomh raointean den ghniomhachas againn; seirbheisean trafaig adhair, seirbheisean smàlaidh puirt-adhair agus tèarainteachd puirt-adhair.

Ma tha na slighean seo gu bhith soirbheachail, bidh aig HIAL ri ath-bheachdachadh air cuid de na cleachdaidhean fastaidh aige. Feumaidh sinn dreuchdan a chomharrachadh a tha freagarrach airson a thabhann tro phreantasachdan, agus feumaidh sinn na pròiseasan fastaidh is taghaidh ceart a bhith againn, a leigeas leinn tàlant a thàladh agus a chomharrachadh stèidhichte air comas seach air na làn sgilean a bhith aig daoine mar-thà.

Feumaidh sinn cuideachd na com-pàirteachasan a th' againn le solaraidhean ionnsachaidh a neartachadh, gu sònraichte le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus mar thoradh air sin, tha sinn a' coimhead air diofar chothroman le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, a' gabhail a-steach meòrachan tuigse. Bidh againn ri com-pàirteachasan ùra a thogail le solaraidhean foghlam adhartach eile. Tha seo air tòiseachadh mar-thà le Oilthigh Robert Gordon agus leis an Oilthigh Fhosgailte, agus le solaraidhean trèanaidh san roinn phrìobhaidich aig a bheil eòlas mu nua-phreantasachdan.

Mu dheireadh, bidh againn ri piseach a thoirt air an dòigh-obrach againn a thaobh stiùireadh tàlaint agus leasachadh luchd-obrach. Feumaidh sinn slighean dreuchd a mhapadh a dh'obraicheas chan ann a-mhàin taobh a-staigh roinnean mar a tha iad an-dràsta, ach a leigeas le daoine fa leth na sgilean aca a thoirt air adhart eadar diofar roinnean, a' cur ris an tapachd againn agus a' cruthachadh amar tàlaint nas fharsainge. Bidh Manaidsearan Port-adhair agus àrd-mhanaidsearan san àm ri teachd còmhla rinn mu thràth, is mar sin, feumaidh sinn a bhith comasach air an aithneachadh, agus an leasachadh a tha a dhìth orra a thoirt dhaibh. Tha an ro-innleachd preantasachd seo an urra ris na pròiseasan sin.

Na Còig Colbhan san Ro-innleachd againn



A' leasachadh sgilean

Obraichidh sinn le preantasachdan gus comasan proifeasanta làidir a thogail, agus le preantasan gus dèanamh cinnteach gu bheil iad nam pàirt de sgioba-obrach a tha air leth comasach, sgileil agus dicheallach le luchd-stiùiridh èifeachdach.


Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh phreantasachdan a tha ag amas air proifeasanan aig grunn irean (a' gabhail a-steach irean ceum agus maighstireachd) agus ann an raointean far a bheil sinn air beàrnan sgilean a chomharrachadh.



A' cur ri lomadachd agus Glusadachd Sòisealta

Ni sinn cinnteach gum bi preantasachdan nam prìomh eileamaid de bhuidheann in-ghabhalach a tha riochdachail de na coimhearsnachdan a bhios iad a' frithealadh.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh phreantasachdan do bhuidhnean nach eil air an riochdachadh gu leòr. A' leasachadh nan cleachdaidhean fastaidh againn gus fòcas a chur air comasachd agus leasachadh phreantasachdan air feadh na sgìre againn.



A' Leabachadh Phreantasachdan

Cruthaichidh sinn preantasachdan a bheir seachad cothroman cosnaidh ùr-nodha agus slighe a-steach gu, agus suas tro, structar HIAL.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead air preantasachdan mar phàirt de ro-innleachd planadh feachd-obrach, ro-innleachdan a thaobh àiteachan, riaghladh tàlant, ro-innleachdan dhaoine agus slighean dreuchd.



A' Dèanamh Cinnteach gum bi Deagh Thrèanadh aig Preantas

Ni sinn cinnteach gum faigh preantasachdan fìor dheagh thrèanadh agus gum bi iad a' faireachdainn nam pàirt de HIAL agus den obair aige.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le solaraichean trèanaidh cliùiteach, a' leantainn inbhean preantasachd agus a' dèanamh cinnteach gu bheil àrd-luchd-stiùiridh agus sreath-mhanaidsearan a' gabhail làn phàirt sa chùis gus dèanamh cinnteach gum bi iad cunntachail airson càileachd nan sgeamaichean preantasachd.



A' Faighinn Bhuannachdan bho Thasgaidhean

Cruthaichidh sinn sgeamaichean preantasachd leis a' mheasgachadh as fheàrr de chàileachd is èifeachdas eaconamach.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' co-obrachadh thairis air puirt-adhair, roinnean agus dleastanasan aig HIAL gus dèanamh cinnteach gu bheil preantasachdan nam pàirt èifeachdach de phlanadh feachd-obrach agus gu bheil iad a' coileanadh nan amasan ro-innleachdail a bhith a' libhrigeadh preantasachdan taobh a-staigh nan goireasan a tha rim faighinn.

Eàrr Radh a h-Aon – Preantasachdan ann an Alba

(mar a bha cùisean air 31 Faoileach 2021)

Bun-phreantasachdan

Bheir bun-phreantasachdan cothrom do dh'òigridh a bhith ag ionnsachadh san àite-obrach fhad 's a tha iad fhathast anns an sgoil. Mar as trice, mairidh iad dà bhliadhna, leis an luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh ann an AS5 mar as trice. Gheibh daoine òga deagh thoiseach tòiseachaidh nan cùrsa-dreuchd, a' faighinn teisteanas dreuchdail agus eòlas obrach còmhla ris na cuspairean sgoile eile aca. Tha iad co-ionann ri aon no dhà àrd-ìre agus tha iad aithnichte leis na h-oilthighean uile. Cuiridh Bun-phreantasan latha seachad gach seachdain an dàrna cuid ann an colaiste no le neach-fastaidh. Tha Bun-phreantasachdan air an libhrigeadh le solaraichean foghlaim, mar as trice, colaistean foghlaim adhartach.

Nua-phreantasachdan

Is e Nua-preantasachdan an seòrsa preantasachd as stèidhichte de na trì seòrsaichean ann an Alba. Tha còrr is 80 cuspairean no frèamaichean-obrach ann airson Nua-phreantasachdan. Le Nua-phreantasachd, bidh am preantas ag ionnsachadh tro bhith a' dèanamh na h-obrach. Tha iad air am fastadh gu h-iomlan, agus a bharrachd air a' chosnadh aca, nì iad teisteanas a tha aithnichte gu nàiseanta. Dh'fhaodte gur e teisteanas a tha ceangailte gu dlùth ris an obair aca no dh'fhaodte gum bi e nas fharsainge. Tha Nua-phreantasachdan air an stiùireadh agus air an riaghladh tro Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus tha iad air an toirt seachad tro Sholaraichean Foghlaim ùghdarraichte. Chan eil crìoch aoise ann, ach tha ìrean maoinachaidh eadar-dhealaichte ann agus mar as trice, tha seo aig an ìre as àirde airson an fheadhainn aois 24 no nas òige.

Preantasachdan Ceumnaiche

'S iad na seòrsaichean preantasachd as ùire. Le Preantasachdan Ceumnaiche, tha am preantas ann an làn obair agus cuideachd a' dèanamh ceum a tha co-cheangailte ri obair. Tha cosgaisean a' cheum uile air am pàigheadh tro mhaoineachadh an Riaghaltais tro Leasachadh Sgìlean Alba. Chan eil crìoch ann a thaobh aois. Tha 12 seòrsa preantasachd ceumnaiche ann an Alba an-dràsta. Tha trì dhiubh stèidhichte air innleadaireachd agus tha an fheadhainn eile a' gabhail a-steach chuspairean bho Thràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne gu Stiùireadh Gnothachais.

Sgeama Kickstart

A bharrachd air na sgeamaichean gu h-àrd, thug an Riaghaltas sgeama Kickstart a-steach ann an 2020. Tha seo ag amas air greisean-gnìomhachais 6 mìosan a thoirt do dhaoine fo aois 24 a tha a' faighinn Creideas Coitcheann agus a tha ann an cunnart a bhith gun obair fad ùine mhòr. Feumaidh àiteachan a chruthaichear tro sgeama Kickstart a bhith nan dreuchdan ùra, feumaidh iad co-dhiù am bun-thuarastal a phàigheadh agus feumaidh iad mairsinn co-dhiù sia mìosan. Airson dreuchdan bàn a tha airidh, tha sgeama Kickstart a' pàigheadh airson 100% den bhun-thuarastal nàiseanta iomchaidh airson 25 uair san t-seachdain, agus a h-uile tabhartas àrachais nàiseanta co-cheangailte aig fastaiche agus na tabhartasan clàraidh fèin-obrachail as ìsle aig fastaiche. Tha £1,500 ri fhaighinn airson gach greis-gnìomhachais airson cosgaidhean tòiseachaidh, taic is trèanadh.

